

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Leabhar Dhèir (1)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,174. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 870 corresponds to Litir 1,174.

Tha an Litir air a bhith a’ dol fad còrr is dà bhliadhna fichead agus bha mi deimhinne gun robh mi air sgrìobhadh mu Leabhar Dhèir innte gu tric. No co-dhiù corra uair. Chuir e iongnadh orm nuair a rinn mi rannsachadh. Fhuair mi a-mach nach robh mi air sgrìobhadh air a’ chuspair sin ach aon turas a-mhàin – air ais aig an toiseach ann an Litir 4.

Tha mi a’ dol a chur sin ceart an-dràsta fhèin. Seo agaibh beachd air Leabhar Dhèir, *The Book of Deer*, aig Uilleam MacBhàtair. Bha MacBhàtair na Àrd-ollamh anns na cànanan Ceilteach ann an Oilthigh Dhùn Èideann. Seo na sgrìobh e – ann an Gàidhlig.

‘Is i seo a’ Ghàidhlig as sine a tha againn **an Albainn**, agus air an adhbhar sin a-mhàin tha i airidh air gach urram uainn. Ach a bharrachd air sin tha an leabhar a’ cur mòran solais air seann eachdraidh na dùthcha agus na h-eaglaise.’

Anns an leabhar *Rosg Gàidhlig*, a chaidh fhoillseachadh an toiseach o chionn còrr is ceud bliadhna, tha MacBhàtair ag ràdh seo: ‘Bhuineadh Leabhar Dhèir do Mhanachainn Dhèir am Buchan, a chaidh a shuidheachadh, a rèir aithris an leabhair fhèin, le Colum Cille agus le Drostan. Anns an leabhar tha an soisgeul a rèir Eòin agus cuid de na soisgeulan eile **an Laidinn** ach air trì no ceithir duilleagan agus air oir dhuilleagan eile **gheibhear air a sgrìobhadh anns an t-seann Ghàidhlig** eachdraidh no beul-aithris air suidheachadh na manachainne agus cuimhneachain air tiodhlaicean a rinneadh dhi le tighearnan na dùthcha.’

Thuig Mac Bhàtair gu h-iomlan cho cudromach ’s a bha Leabhar Dhèir ann an eachdraidh na h-Alba agus ann an dualchas nan Gàidheal. Bha a’ Ghàidhlig ann air a sgrìobhadh anns an dàrna linn deug. Chaidh an stuth fhoillseachadh anns an naoidheamh linn deug. Agus thug an sgoilear Alasdair Mac Bheathain sùil gheur air. Sgrìobh e mu dheidhinn anns na *Transactions* aig Comunn Gàidhlig Inbhir Nis.

Tha mi a’ dol a leughadh dhuibh a’ chiad earrainn de na notaichean Gàidhlig ann an Leabhar Dhèir. ’S dòcha gum bu chòir dhomh innse dhuibh cà’ bheil Dèir. Tha e anns an ear-thuath, faisg air Obar Dheathain. Bha seann abaid an sin. Am measg a h-uile càil eile, tha an leabhar a’ cur nar cuimhne gun robh Gàidhlig ga bruidhinn uaireigin anns an ear-thuath.

Tha toiseach a’ chunntais ag innse dhuinn mar a fhuair Dèir ainm, co-dhiù a rèir beul-aithris. Thig sinn gu sin an-ath-sheachdain. Ach bu chòir rudeigin a ràdh mun dithis characteran a nochdas anns a’ chiad sheantans. ’S e a’ chiad fhear Calum

Cille no Colum Cille. Tha fios agaibh uile cò th' ann, tha mi an dùil – seann aba Eilean Ì.

'S e an dàrna fear naomh air an robh Drostan – Drostan mac Chosgraich. B' e dalta aig Calum Cille a bh' ann an Drostan. Ged a bhiomaid a' ciallachadh le *dalta* an-diugh 'foster child' no 'stepchild', 's dòcha gun robh e a' ciallachadh neach-leantainn no 'disciple' cuideachd anns an t-seann aimsir. An-ath-sheachdain, bheir sinn sùil air an teacsa.

* * * * *

Faclan na Litreach: Leabhar Dhèir: *The Book of Deer*; Uilleam MacBhàtair: *William (J) Watson*; Àrd-ollamh: *Professor*; rosg: *prose*; manachainn: *monastery*; Alasdair Mac Bheathain: *Alexander Macbain*.

Abairtean na Litreach: Tha an Litir air a bhith a' dol fad còrr is dà bhliadhna fichead: *the Litir has been going for over 22 years*; bha mi deimhinne gun robh mi air sgrìobhadh mu Leabhar Dhèir innte gu tric: *I was certain that I had written about the Book of Deer in it often*; ach aon turas a-mhàin: *except only one occasion*; air an adhbhar sin: *for that reason*; tha i airidh air gach urram uainn: *it is worthy of every respect from us*; tha an leabhar a' cur mòran solais air seann eachdraidh na dùthcha agus na h-eaglaise: *the book casts much light on the old history of the country and of the church*; an soisgeul a rèir Eòin: *the gospel according to St John*; air oir dhuilleagan eile: *on the margin of other pages*; suidheachadh na manachainne: *the establishment of the monastery*; tiodhlaicean a rinneadh dhi le tighearnan na dùthcha: *gifts given to it by the lords of the country*; thuig X gu h-iomlan cho cudromach 's a bha Y: *X understood completely how important Y was*; air a sgrìobhadh anns an dàrna linn deug: *written in the 12th century*; 's dòcha gum bu chòir dhomh innse dhuibh cà' bheil Dèir: *perhaps I should tell you where Deer is*; gun robh Gàidhlig ga bruidhinn uaireigin anns an ear-thuath: *that Gaelic was once spoken in the north-east*; mun dithis caractaran a nochdas anns a' chiad sheantans: *about the two characters who appear in the first sentence*; ged a bhiomaid a' ciallachadh: *although we would mean*.

Puing-chànain na Litreach: a' Ghàidhlig as sine a tha againn an Albainn: *the oldest Gaelic that we have in Scotland*. Today, we would generally write ann an Alba for 'in Scotland' but in speech ann an is often reduced to an. As (ann) an is a preposition, the feminine noun Alba (historically Albann) is in its dative form in this phrase and thus slenderised, giving us Albainn. This form is only occasionally heard in modern usage, at least outside Argyll, except in Nova Scotia where it remains active. You might hear (ann) an Albainn Nuaidh rather than (ann) an Alba Nuadh, with the adjective nuadh 'new' also slenderised. In the text **an Laidinn** 'in Latin' demonstrates the model, with the feminine noun Laideann in a slenderised form.

Gnàthas-cainnt na Litreach: gheibhear air a sgrìobhadh anns an t-seann Ghàidhlig: *[it] will be found written in old Gaelic*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA